



Cuairt Spot

Geàrr a-mach na seantansan.

Cuir na seantansan dhan òrdugh cheart.

Chùm Spot a' dol às dèidh a' choin, a' comhartaich gun sgar. Tharraing e Dan a-steach dha na craobhan.

Sheall e air feadh an àite ach cha do lorg e e. Dh'fhalbh e dhachaigh gu brònach.

Chunnaic Spot cù eile agus ruith e às a dhèidh. Chùm Dan grèim teann air an èill.

Cha mhòr gun creideadh Dan a shùilean! Nuair a ràinig e dhachaigh, bha Spot na shuidhe aig an doras.

B' e madainn Disathairne a bh' ann. Thug Dan an cù aige, Spot, dhan phàirc.

Thuit Dan dhan pholl agus leig e às an iall. Nuair a dh'èirich e, bha Spot air falbh.

